



64B.

H.M. 199.

J. 12 1915











LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

# ORAN MU'N EAGLAIS.

LE IAIN MAC-MHATHAIN,

ANN AN UITHIST.

---

AN DARA CLO-BHUALADH.

---

'N AM teannadh as ùr ris an dàn domh,  
Cuiridh mi 'n Gàelig air dòigh,  
An t-eadar-dhealachadh slàinteil  
Th' eadar bhì cearr 'us a' chòir :  
Cha tuig an duine 'n staid Nàduir  
Briathran an t-Slànaighear mhòir,  
Nas mò na thuigeas fear Gàelig  
Laidinn a' Phàpa 'san Ròimh.

Dorchadas tiugh thainig oirnn,  
Bho'n uair a thuit Adbamh o ghlòir.  
Tre sheòltachd an nàmhaid a mheall e,  
Chaidh sinn air chall anns a' cheò.  
Buaidh le comunn mo ghaoil !  
Piseach air comunn mo ghaoil !  
O! soirbheachadh math leis a' chomunn  
A chuir an droch obair fa-sgaoil.

Chòmhdaich an ceò ud an saoghal,  
Aghaidh nan daoine 's nan slògh,  
Ionnus gun d' fhàs iad cho baoghalt'  
'Us cuid diu cho faoin ris na h-eòin;  
Dh'fhag sud an sùilean gun leirsinn,  
'S an cridhe gun ghleus mar bu chòir,  
'S a' mhuinntir nach tuig sud cha-n éisd iad,  
Ri focal na réite d'an dedin.

Is eagalach cunnartach dhuinn  
 Ceartas a' bagr' os ar cinn,  
 An talamh a' sgitheachadh fodhainn,  
 'Us othail air Ifrinn d'a chionn.  
 Buaidh, &c.

Dh'fhàs sliochd Adhaimh mar bhrùidibh  
 Thaobh eòlais 'us iùil agus beachd;  
 Mar sin cha tuig iad an cunntas  
 Tha 'n fhìrinn toirt duinn air ar staid,  
 O mhullach ar cinn gu ar sàiltibh  
 'N ar truaidheachd ghràineil gun mhais'  
 'N ar lobhadh 'nar lotaibh, 's 'nar creuchdaibh,  
 'S 'nar tobraichibh sgreubhach air fad.  
 Sluic eu-dionach nach eum  
 Uisge ged rachadh e annt',  
 Mar gharbh-thonnaibh beucach na fairge  
 Nach aithnich là gailbheach seach ciùin.  
 Buaidh, &c.

Ana'mannan sìorruidh neo-bhàsmlhor,  
 'Chuic air bruaich àmhuinn nam pian,  
 Ri mire, ri sùgradh, 's ri gàire,  
 Deanamh toil Shàtain 's a rian;  
 Ri othail 'us aighear 'us sòlas,  
 Mionnan 'us còmhradh nach fhiach,  
 Muinntir a stad anns a' chòmhnard,  
 'S nach deachaidh air fògradh do'n t-sliabh.  
 Teichibh le 'r n-anamannaibh truagh  
 Dh' ionnsuidh na carraig' nach gluais,  
 Iosa an Slànaighear gràdhach,  
 Thug air an nàmhaid a' bhuidh.  
 Buaidh, &c.

Tha'm Fàidh Isaiah ag innseadh  
 Mar tha na mìltean do 'n t-slògh,  
 Ged chì iad, cha chreid iad, 's ged chluinn iad  
 Cha tuig iad an fhìrinn na's mò;



Muinntir air cinntinn cho saibhir  
 Thaobh pailteis an reamhrachd 's an sòigh;  
 Chaog iad a sùilean, 's an cluasan  
 Dhùin iad roimh 'n fhuaim a bh'aig Pòl.

A' siubhal le 'm barailibh faoin,  
 Ag imeachd le 'm mearachdaibh claon,  
 Is éitidh gun reusan a' chuideachd  
 Nach géilleadh do ghuth an Ard Aoin.  
 Buaidh, &c.

Dhùraiginn innseadh 'na thrà dhuibh  
 Maille ri Abrah'm 'us Maois,  
 Isaac 'us Iacob 's na fàidhean,  
 Na h-Abstoil 's an Slànaighear gaoil:  
 'Us ged nach do chreid thusa riamh iad,  
 Tha 'n gealladh cho fialaidh 's cho saor;  
 Eirich gu grad 's na fan diomhain,  
 Theirig do'n fhion-lios a shaoth'r.

Far am bheil craobhan a' fas,  
 'Us meanglain gun chrionach fo bhlà,  
 Lilidhean taitneach ro sgiamhach,  
 'S e 's todhar d' am friamhaibh sud gràs.  
 Buaidh, &c.

Muinntir gun aoradh, gun ùrnaigh,  
 Nach fhiach leò gun lùb iad an glùn,  
 Chithear iad fhathast ag éigheach  
 'N an éigin ri sléibhtibh fo thùrs',  
 A' caoidh mar chaill iad an cothrom,  
 A bh' aca sa' choluinn o thùs,  
 Ag iarraidh air beanntaibh 's air creagaibh,  
 Am falach o eagal a ghnùis.

Glaodhaidh iad uile gu h-àrd  
 Dol sìos gu starsnich a' bhàis,  
 Ag imeachd gu lasraichibh sìorruidh  
 'S a chaoidh cha tig crìoch air an cràdh.  
 Buaidh, &c.

Comunn mo ghaoil-sa da rìreadh  
 A dh'innseadh an fhìrinn gun sgledò,  
 'S a mhìnichheadh Criosda o'n Bhioball,  
 Le dearbhaidhean cinnteach gu leòir;  
 Cha'n fhalbhadh iad idir air thuairmeas  
 Le aislingibh brudair am beòil,  
 Coltach ri caoirich an tuaineil,  
 'N an doill dol mu'n cuairt anns a' cheò.  
     Mar a ni muinntir gun tùr,  
     Aodhairean tha 'nan cinn-iùil,  
     'Chuireas an searbh aun an àite  
     A' mhilis do chàch anns gach cùis.  
     Buaidh, &c.

An-aoibhinn do'n t-seòrs' ud gu cinnteach;  
 Tha 'n teisteanas sgrìobhta mar tha;  
 'S tha bagraidhean eagalach fillt' ann  
 Nach aithne do'n t-saoghal gun ghràs;  
 Madraidh allta an anmoich  
 Le 'm plaosgaibh cur anmannau bàs;  
 O! 's toilichte bhios na coin bhalbh ud,  
 A bhi air an tearbadh o chàch.  
     Greimichean feòla a th' annt',  
     Dh' àicheadh iad Criosda mar cheann;  
     B'fhearr leo deadh-ghean an t-saoghail  
     Na dol air an taobh mach do'n champ.  
     Buaidh, &c.

Glaodhaidh iad uile le'm beusaibh,  
 'S le 'n gnìomh'raibh le chéile maraon,  
 "Beir uainn e, beir uainn e, ceus e,"  
 Gheibhear aig treud an droch Aoin;

“Cha charaid thusa do Cheasar,  
 “Ma leigeas tu ’n ceud-ghin fa sgaoil.”  
 Earrannan dhe ’n droch creud  
 A th’ aig Eaglais stéidhicht’ nam plaosg.  
     A’ mealladh ’s a’ dalladh an t-sluaigh,  
     Le ’n druidheachd a’ bodhradh an eluas;  
     Gadaichean agus luchd-reubainn,  
     Tha fathast san Eiphit ’nan suain.  
         Buaidh, &c.

Na toraidhean tha iad a’ giùlan  
 Cho soilleir r’ an cunntas ’s r’an gnìomh,  
 Naimhdeas’ ’us gamhlas ’us cùl-chainnt,  
 Breugan ’us sùgradh gun rian:  
 Mionnan ’us misg ’us ceòl-gàire,  
 Clamharsaich ghràineil nach fhiach,  
 Fanaid ’us bleid ’us droch nàdur,  
 Uabhar ’us àrdan am friamh.  
     Is fúdar bàit’ iad gu léir  
     Salann gun saill gun bhlas geur,  
     ’N an cloaichibh marbh’ anns an fhàsach,  
     Am boladh ’s an àileadh ro bhreun.  
         Buaidh, &c.

Muinntir tha deanamh le’n innleachd  
 Leac-lighe nam firean deadh-mhais;  
 Mar bhallachaibh geal’ air an aoladh,  
 Cho mìn ris an t-siod’ o’n leth mach;  
 ’S nan tugadh tu pionag á aodunn,  
 Chitheadh tu caochladh gach dath,  
 Tha buidh’ agus lachdunn’ ’us ciar ann,  
 ’S e ’n dubh ’shnaithean riaghailt air fad.  
     Farmad ’us mirun us fuath,  
     Naimhdeas ’us gamhlas us fuachd;  
     Is ole a’ ghlut-lionadh cléir’ e,  
     Air fhalach le spéis ’us féin-uail.  
         Buaidh, &c.



Tha 'n nàdur cho salach 's cho truailidh,  
 'S cho gràineil ri uaigh san leth steach;  
 'S am fireantachd féin mar leac-uachdair  
 G' an cumail an snuadh 's ann an dreach:  
 Ach nuair a théid cudthrom r' a bruachaibh,  
 'S a bhrùchdas i nuas a droch shamh  
 Aithn'chidh gach neach tha mu'n cuairt d'i,  
 G'um bheil i 'na h-uabhas air fad.

'Us teichibh iad uile le sgoim  
 Nuair chi iad an stuth tha 'na broinn,  
 'S bidh Eaglaisean falamh aig mòran  
 'S an coireachean feòla gun ghreim.  
 Buaidh le, &c.

Bainne gun chàise, gun ìm iad,  
 Gun bhlàthaich, gun bhrìgh, no gun mheang,  
 Doill gun leirsinn, gun súilean,  
 Gun aithne, gun iùl, no gun chainnt:  
 Fion-lios gun toradh, gun drùchd iad,  
 Gun taise, gun sùgh, gun dad ann,  
 Mar bhrù neo-thorrach, 's beul uaghach,  
 Làn ciocras 'us cruais, agus sannt.  
 Bràithrean Ghehasi a th' ann',  
 Thréig iad a' chòir leis an t-sannt,  
 "An àm so gu culaidhibh aodaich  
 "A ghabhail o dhaoinibh le feall!"  
 Buaidh, &c.

Tha tuilleadh r'a innsadh dhe 'n truailleachd  
 A bhàrr air na chual' thu do 'm beus,  
 Dh' aicheadh iad Criosda mar uachdaran  
 B' fhearr leo an tuarasdail féin;  
 Caidlidh iad sìos air an cluasaig,  
 Ged thigeadh an ruaig air an treud;  
 'S o'n ràinig mi 'n fhad so 'gan luaidh dhut,  
 Is éigin domh suathadh r'an creud:—

“ Creideam an clachaibh ’s an aol,  
 “ Creideam ’s a’ bhan-rìgh air ghaol  
 “ Airgiod a chumail am làmhan,  
 “ Dh’ fheuch cìod e tharas mi ’n t-saogh’l.  
     “ Buaidh, &c.

“ Creideam an crodh ’us an caoirich,  
 “ Creideam an stiopainibh mòr;  
 “ Creideam san duais tha mi faotainn,  
 “ An t-airgiod, an gliob ’s an t-òr;  
 “ Creideam san uachdaran thùmeil  
 “ An aghaidh an nì a deir Pòl;”  
 ’S o nach tig am bainne r’an caileachd  
 Feumaidh iad Sà-bcist do ’n fheòil.  
     Dh’ ith iad i uile mar tha,  
     Ach an claigeann ’us bàs an dà laimh;  
     ’S do bhrìgh gun do lot iad a casan,  
     Cha dean i ceum astair gu brath,  
         Buaidh, &c.

“ Creideam an cùmhnanta gnìomha,  
 “ Creideam am dheanadas féin,  
 “ Creideam sa’ Phàtronage bhreugaich;  
 “ A dh’ ealaidh a stigh air a’ chléir;  
 “ A dh’ fhògair na teachdairean diadhaidh  
 “ ’Nuair chunnaic iad iomhaigh na béist,  
 “ ’Us Isean a’ Phap’ a bhi riaghladh  
 “ An aite Chrìosda Mac Dhé.”  
     Is uabhasach gràineil r’a luaidh  
     Gun d’ aicheadh iad gradh thoirt do’n Uan,  
     Ag iar-bleoghan Gineil na Stàta,  
     ’S nach faigh iad an sath fad an cuairt,  
         Buaidh, &c.

Is éigin domh nise bhi crìochuachadh,  
 'S innseadh mu ghnìomharraibh chàich,  
 Am *Protest* a tharruing na Diadhairean  
 'S a chuir iad air beulthaobh na stat';  
 Le dearbhaidhean soilleir o' n fhìrinn  
 Air an toirt a mach dìreach o'n aithn';  
 Cha 'n fhaigh iad fios-freagairt nan cùisean  
 O chlaigeann gun suilean gu bràth.  
     Slighe Bhalain a th' ac',  
     Agus crend Chain 's a' phac,  
     Ciocras Esau 'us Achain,  
     'S iad beachdan Nàmain am beachd,  
     Buaidh, &c.

A' CHRIOCH.



































